

BÒRD NA GÀIDHLIG

FOIRM DÀTA BLIADHNAIL Giblean 2021 - Màrt 2022

Ainm na buidhne	Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba
-----------------	---

Prìomh Dhàta Measaidh

Conaltradh bhon Phoball	Cia mheud conaltradh sgrìobhte a fhuair a' bhuidheann bhon phoball sa Ghàidhlig am-bliadhna?	78
Sgaoileadh fiosrachaidh	Cia mheud post a sgaoil a' bhuidheann air na meadhanan sòisealta sa Ghàidhlig am-bliadhna? *À 490 puist; bha 68 air cunntasan corporra, comataidh no Fòram Alba air Thoiseach agus bha an còrr air cunntas @ParlAlba.	597 (Tweetaichean: 490* Soundcloud: 48 Bloga: 45 Bloga SPICe: 1 Bloga Fòram Alba air Thoiseach 8 Instagram: 5)
	Cia mheud fios naidheachd a dh'fhoillsich a' bhuidheann ann an Gàidhlig am-bliadhna?	67 (Tha am figear seo nas ìsle na a' bhliadhna an-uiridh air sgàth gur e bliadhna taghaidh a bha seo)

Luchd-obrach	<p>Cia mheud neach-obrach a fhuair trèanadh sgilean Gàidhlig am-bliadhna?</p> <p>* Cha robh e comasach trèanadh ann am Mothachadh Gàidhlig a libhrigeadh gu pearsanta a chionn gun robh togalaichean dùinte rè COVID-19. Ged a chaidh trèanadh ann am Mothachadh Gàidhlig air-loidhne a thoirt seachad ann an 2021/22, tha ìrean gabhail air a bhith ìosal gu ruige seo, gu ìre mar thoradh air faighinn seachad air COVID. Bidh an ath PG againn a' cur grunn fhuasglaidhean air adhart gus gabhail a mheudachadh.</p>	<p>1 a' dèanamh A' Chùrsa Inntigidh aig Sabhal Mòr Ostaig</p> <p>Rinn 10 trèanadh Mothachadh Gàidhlig.</p>
	<p>Cia mheud dreuchd a th' agaibh an-dràsta far a bheil Gàidhlig na sgil riatanach?</p>	<p>2</p>
	<p>Cia mheud neach-obrach sa bhuidhinn an-dràsta aig a bheil sgilean Gàidhlig?</p> <p>* Tha na figearan seo bhon t-suirbhidh 2018 againn air sgilean Gàidhlig. Thèid iad sin ùrachadh nuair a nì sinn suirbhidh ùr co-cheangailte ris a' Phlana Ghàidhlig ùr againn airson 2023-27.</p>	<p>41 le abairtean bunasach</p> <p>3 eadar-mheadhanach</p> <p>5 fileantaich*</p>
Foillseachaidhean	<p>Cia mheud foillseachadh buidhne a chaidh fhoillseachadh gu dà-chànanach (Gàidhlig agus Beurla) am-bliadhna?</p>	<p>Gu dà-chànanach: 2</p> <p>Tionndaidhean Gàidhlig is Beurla fa leth: 7</p> <p>Foillseachaidhean Beurla le tiotal no ro-ràdh Gàidhlig 10</p>
Inbhe	<p>Cia mheud soidhne dà-chànanach a chaidh a chur suas am-bliadhna?</p>	<p>n/a</p> <p>Tha soidhnichean dà-chànanach againn an-àirde mar-thà a rèir ar PG</p>

Prìomhachasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Cleachdadh na Gàidhlig

Ciamar a tha a' bhuidheann a' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig?

- Le làthaireachd Gàidhlig air na meadhanan sòisealta tro na seanailean sònraichte Gàidhlig againn agus tro sheanailean mheadhanan sòisealta pàrlamaideach eile (m.e. corporra, comataidh, foghlam, com-pàirteachadh, sruthan twitter an Oifigeir Riaghlaidh, Instagram, Facebook). Tron bhliadhna, chaidh an àireamh de luchd-leantainn againn air @ParlAlba air twitter suas bho 3,352 gu 3,564 agus bha 2.2k conaltradh agus 154k sealladh againn.
- Le bhith a' sanasachd rannsachaidhean comataidh gu coimhearsnachd na Gàidhlig agus a' brosnachadh fianais sa Ghàidhlig – m.e., an Rannsachadh [Do Phrìomhachasan](#) a dh'fhaighnich de na prìomhachasan a bu chòir a bhith aig seisean ùr na Pàrlamaid. Fhuair ceithir tagraidhean co-cheangailte ris a' Ghàidhlig, agus bha aon dhiubh sin sgrìobhte sa Ghàidhlig. Am measg cheistean eile a fhuair freagairtean sa Ghàidhlig bha an rannsachadh Crichean Riaghaltas Ionadail agus na rannsachaidhean air Gabhaltasan Goirid a fhuair 3 agus 2 fhreagairt fa leth.
- Le bhith a' sanasachd rannsachadh na Comataidh Sgrùdadh Poblach is Sgrùdadh Iar-reachdail air aithisg Earrainn 22 Bòrd na Gàidhlig. A chionn nach b' urrainnear goireasan eadar-mhìneachaidh mar-aon a sholarachadh ri linn cuingealachaidhean COVID-19, chaidh [làn eadar-theangachadh Gàidhlig den Aithisg Oifigeil airson na coinneimh](#) air 13 Faoilleach 2022 ullachadh.
- Tro bhith a' toirt a-mach raon farsaing de dh'fhoillseachaidhean sa Ghàidhlig agus anns a bheil Gàidhlig.
- Le bhith a' leasachadh stòrasan fiosrachaidh didseatach Gàidhlig, mar eisimpleir airson an taghadh: [Carson a bhòtadh tu ann an taghadh Pàrlamaid na h-Alba](#) agus [Carson a tha dà bhòt ann](#)
- Tron bhidio Mothachadh Gàidhlig againn a tha a-nis air còrr air 2,400 sealladh fhaighinn: [Cleachdadh na Gàidhlig ann am Pàrlamaid na h-Alba - YouTube](#)
- Tro bhith a' cruthachadh raon de stòrasan foghlaim Gàidhlig – tha còrr is 50 rim faighinn sa Ghàidhlig an-dràsta. Aig àm a' ghlasaidh, rinn sinn sreath de stòrasan foghlaim, a' gabhail a-steach ceisteachan goirid sa bhliadhna-aithris seo. Chùm sinn cuideachd a' chiad sheisean foghlaim bhon ghalar sgaoilte sa Mhàrt 2022
- Le bhith a' cruthachadh susbaint air-loidhne sa Ghàidhlig. Chaidh làrach-lìn ùr Pàrlamaid na h-Alba beò ann an 2021/22 a' toirt a-steach duilleagan ùra Gàidhlig.
- Le bhith a' brosnachadh agus a' dèanamh comasach conaltradh sa Ghàidhlig (ri fhaighinn sna figearan airson conaltraidh sgrìobhte).
- Sgaoil sgioba na Gàidhlig fios gum faodar bòid na Pàrlamaid a ghabhail sa Ghàidhlig agus thug iad taic do bhuill ùra a bhith a' gabhail na bòide le bhith a' toirt dhaibh fhaidhlichean-fuaim agus gan cuideachadh a' faighinn cleachdadh fuaimneachaidh. Ghabh ochdnar bhall a' bhòid uile-gu-lèir ann an Gàidhlig an taca ri sianar san t-seisean mu dheireadh.
- Chaidh taic a thoirt do Bhuill, Oifigearan Riaghlaidh agus Luchd-gairm le cleachdadh na Gàidhlig airson Gnothaichean Pàrlamaideach a' gabhail a-steach leughadh dearbhaidh agus solarachadh fuaimneachadh abairtean simplidh (leithid 'Madainn mhath') agus ainmean Gàidhlig. Bha seo a' gabhail a-steach [Deasbad Bhall air Plana Nàiseanta na Gàidhlig](#) san Ògmhios 2021 agus Deasbad Bhall air [Maoineachadh a' BhBC](#) sa Ghearran 2022. Chaidh trì gluasadan a chur a-steach gu dà-chànanach, agus rinn sgioba na Gàidhlig ath-leughadh orra nuair a bha feum air.
- Airson Seachdain ùr na Gàidhlig ann an 2022, bharrantaich Fòram Alba air Thoiseach sreath de 8 blogaichean Gàidhlig air raon de chuspairean, ghabh aon de na h-oifigearan Gàidhlig pàirt ann am prògram deasbaid air-loidhne mar phàirt den t-seachdain agus rinn sgioba Craolaidh na Pàrlamaid bhideo goirid. Mar an ceudna, bha sgioba na Gàidhlig a' tweetadh airson Seachdain Ghàidhlig

Dhùn Èideann san t-Samhain 2021 agus chùm iad dà sheisean conaltraidh “Atharraich an Saoghal tron Ghàidhlig” – aon do fhileantaich agus am fear eile ag amas air luchd-ionnsachaidh.

- Ag obair gu dlùth leis an Aonad Bhilean Neo-Riaghaltais gus dèanamh cinnteach gu bheil fios aig Buill a tha a’ moladh bhilean gum faod iad dreachan Gàidhlig a dhèanamh de sgrìobhainnean co-chomhairle. Anns an ùine seo, roghnaich aon Bhall Gàidhlig a chleachdadh ann am moladh (Liz Nic a’ Ghobhainn BPA, moladh airson Bile Sgoiltean (Foghlam Còmhnaidh A-muigh) (Alba)).

Ionnsachadh na Gàidhlig

Ciamar a tha a’ bhuidheann a’ meudachadh ionnsachadh na Gàidhlig?

- Tha aon neach-obrach BPA a’ faighinn taic bhon Phàrlamaid gus An Cùrsa Inntigidh aig Sabhal Mòr Ostaig a dhèanamh.
- A’ sgaoileadh fios taobh a-staigh na Pàrlamaid mu chothroman ionnsachaidh Ghàidhlig ionadail agus nàiseanta.
- Tro Abair Beagan ar stòras air Gàidhlig phàrlamaideach bhunasach.
- Tro ar pod-chraoladh goirid Facal Gàidhlig na Seachdain a bhios a’ teagasg beagan mun Ghàidhlig agus mun Phàrlamaid gach seachdain. Bidh còrr air 100 neach ag èisteachd ris gu cunbhalach agus bidh e a’ dèanamh gu fìor mhath air ar Twitter chorporra.
- Le bhith a’ cur teacsa a’ phod-chraolaidh Ghàidhlig, Facal na Seachdain, air ar blog le fiosrachadh a bharrachd mun Ghàidhlig do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus dhaibhsan aig a bheil ùidh sa chànan. Bidh puist gu cunbhalach a’ faighinn 50 sealladh.

Cur na Gàidhlig air adhart

Ciamar a tha a’ bhuidheann a’ cur air adhart deagh ìomhaigh den Ghàidhlig?

- Bidh seiseanan inntigidh a’ toirt fiosrachadh do dhaoine a tha a’ tòiseachadh às ùr mun Phlana Ghàidhlig agus na seiseanan Mothachadh Gàidhlig againn.
- Bha fiosrachadh mun Ghàidhlig air a ghabhail a-steach san inntigeadh do BhPA ùra a bharrachd air tiotalan Gàidhlig agus ro-ràdh san leabhar-inntigidh.
- Aig àm glasaigh, nuair a chaidh an togalach a dhùnadh don phoball, chaidh taisbeanadh dà-chànanach a chur suas a-muigh, le ceanglaichean gu tuilleadh teacsa Gàidhlig.
- Soidhnichean dà-chànanach air feadh na h-àrainn againn.
- Barrachd cleachdadh na Gàidhlig ann an tiotalan/geàrr-chunntasan foillseachadh corporra. Faic an dàta gu h-àrd fo Fhoillseachaidhean. Sa bhliadhna-aithris seo, chuir sinn Gàidhlig ris na teamplaidean airson geàrr-chunntasan agus clàran-gnothaich Buidhnean Thar-phàrtaidh.
- Cleachdadh na Gàidhlig anns na meadhanan sòisealta – an dà chuid sa Ghàidhlig agus mun Ghàidhlig air feadh cunntasan mheadhanan sòisealta na Pàrlamaid. Ghabh seo a-steach subsaint mheadhanan sòisealta timcheall air Seachdain Eadar-nàiseanta na Gàidhlig agus Seachdain Eadar-nàiseanta nan Cànanan Màthaireil.
- Le bhith a’ toirt iomradh air solar Gàidhlig agus cothroman ionnsachaidh tro ar conaltradh air an taobh a-staigh a’ gabhail a-steach ar blog Gàidhlig a-staigh agus ar conaltradh corporra, agus tro chonaltradh taobh a-muigh a’ gabhail a-steach ar n-Iris-d sheachdaineil aig a bheil còrr air 6.6k fo-sgrìobhaiche.
- Ghabh sgioba Gàidhlig na Pàrlamaid pàirt ann an co-labhairt air-loidhne *Air Adhart*, Cruinneachadh Gàidhlig Earra-Ghàidheal, lionra oifigearan Gàidhlig le taic bho Bhòrd na Gàidhlig, agus thug iad seachad seisean cuideachd mun Ghàidhlig sa Phàrlamaid do bhuidheann de Luchd-sgrùdaidh na Banrigh airson Foghlam aig Foghlam Alba.
- Bha Gàidhlig ri faicinn ann am bhidio na Nollaige a chaidh a dhèanamh do na meadhanan sòisealta agus chaidh fhaicinn le còrr is 2.8 mìle neach.

Fiosrachadh dearcnachaidh eile

Brosnachadh Foghlam Gàidhlig

Ri chrìochnachadh le Ùghdarrasan Ionadail a-mhàin

Fo Earrann 15 de dh'Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016, feumaidh ùghdarrasan ionadail aig a bheil foghlam Gàidhlig anns an sgìre aca seo a shanasachd ann an dòigh iomchaidh. Feumaidh gach ùghdarras ionadail sanasachd a dhèanamh air na còraichean a th' aig pàrantan gus tagradh a dhèanamh airson foghlam Gàidhlig aig ìre na bun-sgoile agus foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a stèidheachadh. Am b' urrainn dhuibh innse ciamar a tha sibh a' dèanamh seo?

n/a

Pàrantan Corporra

Ri chrìochnachadh le Ùghdarrasan Ionadail a-mhàin

Am b' urrainn dhuibh dàta a thoirt dhuinn air an àireimh de dhaoine òga le Gàidhlig a tha, no a tha air a bhith, fo chùram a tha clàraichte leis an Ùghdarras?

n/a

Am b' urrainn dhuibh fiosrachadh a thoirt dhuinn air tachartasan no cothroman a tha sibh a' cur air dòigh airson daoine òga le Gàidhlig a tha, no a tha air a bhith, fo chùram a tha clàraichte leis an Ùghdarras?

n/a

Co-ionannachd

Bu chòir don a h-uile buidheann seo a chrìochnachadh

An do chomharraich an t-ùghdarras poblach agaibh cùisean sònraichte sam bith co-cheangailte ri co-ionannachd chothroman a thaobh leasachadh na Gàidhlig?

Chan eil sinn air cùisean sònraichte sam bith a chomharrachadh. Bidh sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil gnìomhan Gàidhlig in-ghabhalach agus gum faigh luchd-obrach cothrom orra aig gach ìre air feadh na buidhne. Tha sinn air obair gu gnìomhach le lìonraidhean iomadachd luchd-obrach air feadh na buidhne gus a' Ghàidhlig a chur air adhart.

A bheil poileasaidhean, modhan-obrach no dòighean-obrach sam bith co-cheangailte ri co-ionannachd a chaidh a chur an gnìomh leis an ùghdarras phoblach agaibh, no a tha gan cur an gnìomh an-dràsta, a bhuineas ri bhith a' cur co-ionannachd chothroman air adhart an lùib

leasachadh na Gàidhlig? An innis sibh dhuinn mun deidhinn?

Gus mothachadh mun Ghàidhlig a thogail am measg a' mhòr-shluaigh, tha soidhnichean dà-chànanach againn, tha sinn air Gàidhlig a chur ri tiotal agus/no facal-toisich mòran fhoillseachaidhean corporra agus tha susbaint mheadhanan sòisealta againn co-cheangailte ris a' Ghàidhlig a tha ag amas air daoine aig nach eil Gàidhlig. Bidh sinn ag amas air daoine òga tro mheadhanan sòisealta, stòrasan foghlaim agus foillseachaidhean foghlaim. Faodar seiseanan foghlaim Gàidhlig a libhrigeadh an àite sam bith ann an Alba.

A bheil eisimpleirean ann de cheumannan sònraichte a ghabh sibh gus piseach a thoirt air in-ghabhail agus com-pàirteachas a tha air obrachadh gu sònraichte math a thaobh leasachadh na Gàidhlig taobh a-staigh an ùghdarrais phoblaich agaibh? Am biodh sibh toilichte nan sgaoileadh Bòrd na Gàidhlig na h-eisimpleirean agaibh agus nan dèanamaid sanasachd orra?

Dh'obraich Oifigearan Leasachaidh na Gàidhlig gu dlùth le Oifigear BSL na Pàrlamaid gus deagh chleachdadh a cho-roinn agus beachdachadh air dòighean a bhith ag obair còmhla. Ghabh seo a-steach puist bloga agus twitter ann an Gàidhlig mu sheachdain BSL. Tha suaicheantasan dà-chànanach aig a h-uile lìonra iomadachd ann am Pàrlamaid na h-Alba.

Fiosrachadh a bharrachd

Anns a' bhliadhna-aithris 2021/22 bha ùpraid a' ghalair lèir-sgaoilte COVID fhathast a' tighinn gu crìoch agus cha do dh'fhosgail a' Phàrlamaid a-rithist don phoball gu Lùnastal 2022. Mar sin tha an ìre de ghnìomhachd againn air a bhith nas ìsle na an àbhaist ann an cuid de raointean leithid obair com-pàirteachaidh agus foghlaim. Leis gur e bliadhna-taghadh a bh' ann, chunnaic 2021 cuideachd nas lugha de ghnìomhachd ann an cuid de raointean ron taghadh agus aig toiseach an t-seisein ùir.

Thug Bòrd na Gàidhlig grunn bheachdan agus mholaidhean seachad san fhreagairt don aithisg dearcnachaidh againn airson 2019/20. Thug Bòrd na Gàidhlig iomradh air cho cudromach 's a tha cleachdadh na Gàidhlig air na meadhanan sòisealta a bharrachd air na cunntasan sònraichte Gàidhlig againn agus dh'iarr iad tuilleadh fiosrachaidh mu dheidhinn seo. Chaidh tuilleadh fiosrachaidh iarraidh cuideachd mu phlanaichean Oifis.

Meadhanan sòisealta: Tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e susbaint Ghàidhlig a chleachdadh air ar cunntasan corporra agus fo-chunntasan, a bharrachd air na seanailean Gàidhlig againn, far a bheil sin iomchaidh gus ìomhaigh a' chànan òrdachadh am measg dhaoine aig nach eil i agus gus am bi fios aig luchd-labhairt na Gàidhlig gu bheil sinn a' tabhann sheirbheisean sa Ghàidhlig.

Tha sinn air seo a dhèanamh gu cunbhalach tro Facal Gàidhlig na Seachdain air a' chunntas corporra Twitter againn agus tha sinn cuideachd air Gàidhlig a chleachdadh air Twitter airson amannan leithid Seachdain Ghàidhlig an t-Saoghail. Tha mòran chomataidhean cuideachd air Gàidhlig a chleachdadh airson tweetaichean co-cheangailte ri cùisean anns a bheil ùidh mhòr aig luchd-labhairt is coimhearsnachdan na Gàidhlig no aig a' phoball san fharsaingeachd. Tha an sgioba foghlaim againn air a bhith for-ghnìomhach a thaobh cleachdadh na Gàidhlig air twitter, agus bidh sinn a' cleachdadh Gàidhlig air ar cunntas Instagram. Tha a' Ghàidhlig cuideachd an lùib ar planadh conaltraidh airson Leantalachd Gnothaich, a' gabhail a-steach ar planaichean mu bhàs a' Mhonairc.

Planaichean Oifis: bidh sinn a' dèanamh cinnteach gu bheil Gàidhlig air a gabhail a-steach ann am planaichean oifis anns na dòighean a leanas:

Tha an teamplaid againn airson planaichean Oifis a' toirt a-steach liosta de na dleastanasan corporra air fad a dh'fheumas oifisean a libhrigeadh. Tha am Plana Gàidhlig againn ri fhaighinn an sin. Tha seo a' faighinn taic bho chonaltradh cuimsichte le ceannardan oifis agus iad a' planadh airson na h-ath bhliadhna gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a' gabhail sùim de na geallaidhean a dh'fheumas iad libhrigeadh.

Amasan airson Seirbheisean Corporra	Corporate Service Aims	
Àrd Phrionnsabalan	Overarching Principles	Solais trafaig: uaine, orains no dearg
Spèis Cho-ionann A h-uile gealladh anns a' phlana Ghàidhlig air a libhrigeadh dhan aon ìre anns a' Ghàidhlig agus anns a' Bheurla.	Equal Respect Gaelic language plan commitments delivered to an equal standard in both Gaelic and English.	Uaine
Cothroman Follaiseach Gnìomhan practaigeach gus dèanamh cinnteach gu bheil fios aig luchd-obrach na buidhne agus am poball daonnan air na cothroman a th' ann gus Gàidhlig a chleachdadh leis an ùghdarras phoblach.	Active Offer Practical measures to ensure that staff and public are kept regularly informed of all opportunities that exist to use Gaelic in relation to the work of the public authority.	Uaine
Treas Phàrtaidhean A' dearbhadh gum bi ALEOs agus cunnradairean eile ag obair gus plana Gàidhlig an ùghdarras phoblaich a chur an gnìomh.	Third Parties Ensure that Arm's Length Executive Organisations and other contractors help with the delivery of the public authority Gaelic language plan.	Uaine
Gàidhlig na nì àbhaisteach Geallaidhean bhon phlana Ghàidhlig air an gabhail a-steach ann an structaran an ùghdarras phoblaich tro thìde, le sgrùdadh cunbhalach airson cothroman a chomharrachadh taobh a-staigh bhuidseatan stèidhichte gus Gàidhlig a thoirt air adhart.	Normalisation Gaelic plan commitments are normalised within the structures of the public authority over time, with opportunities to grow Gaelic within existing budgets constantly assessed.	Uaine
Pàrantan Corporra Gu bheillear mothachail air na dleastanasan a th' ann mar Phàrant Corporra gum bi a h-uile pàiste is neach òg fo chùram no a b' àbhaist a bhith fo chùram le Gàidhlig a' faighinn na h-aon cothroman 's a tha clann le cànan eile.	Corporate Parenting That the authority is aware of the duties of a Corporate Parent to ensure that looked after children and young people and care leavers with Gaelic receive the same opportunities as those with other languages.	n/a

Inbhe	Status	Solais trafaig: uaine, orains no dearg
<p>Suaicheantas Ag amas air suaicheantas corporra anns a' Ghàidhlig agus anns a' Bheurla a chruthachadh nuair a thig a' chiad chothrom agus mar phàirt den phròiseas ùrachaidh.</p>	<p>Logo Aim to render the corporate logo in both Gaelic and English at the first opportunity and as part of any renewal process.</p>	Uaine
<p>Soidhnichean Prìomh shoidhnichean air an dèanamh dà-chànanach nuair a thathar gan ùrachadh.</p>	<p>Signage Prominent signage will include Gaelic and English as part of any renewal process.</p>	Uaine
Conaltradh leis a' phoball	Communicating with the public	Solais trafaig: uaine, orains no dearg
<p>Brosnachadh Teachdaireachdan gu bheil fàilte air conaltradh sa Ghàidhlig bhon phoball daonnan.</p>	<p>Promotion Positive message that communication from the public in Gaelic is always welcome.</p>	Uaine
<p>Conaltradh sgrìobhte Fàilte ga cur air conaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig (post, post-d. agus meadhanan sòisealta) daonnan agus bidh freagairt ann sa Ghàidhlig, a rèir clàr-ama conaltraidh àbhaisteach na buidhne.</p>	<p>Written Communication Written communication in Gaelic is always accepted (post, email and social media) and replies will be provided in Gaelic in accordance with the general policy.</p>	Uaine
<p>Ionad-fàilte agus am fòn Far a bheil luchd-obrach le Gàidhlig ann airson seo a thoirt seachad, gheibh iad taic airson seo a dhèanamh agus thèid sanasachd a dhèanamh air t-seirbheis dhan phoball.</p>	<p>Reception and phone Where Gaelic speaking staff are capable of providing this service, they are supported to do so and the service is promoted to the public.</p>	Uaine
<p>Coinneamhan Poblach Cothroman airson coinneamhan poblach dà-chànanach no sa Ghàidhlig a chumail air an rannsachadh gu cunbhalach agus air am brosnachadh.</p>	<p>Public meetings Opportunities to hold public meetings bilingually or in Gaelic are regularly explored and promoted.</p>	Uaine

Fiosrachadh	Information	Solais trafaig: uaine, orains no dearg
<p>Fiosan naidheachd Prìomh fhiosan naidheachd agus fiosan naidheachd mu dheidhinn na Gàidhlig air an cuairteachadh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.</p>	<p>News releases High profile news releases and all news releases related to Gaelic are circulated in both Gaelic and English.</p>	Uaine
<p>Meadhanan Sòisealta Stuth Gàidhlig ga sgaoileadh tro na meadhanan sòisealta gu cunbhalach, le stiùir bho ìre cleachdaidh no cleachdadh a dh'fhaodadh a bhith ann.</p>	<p>Social Media Gaelic content distributed regularly through social media, guided by the level of actual and potential users</p>	Uaine
<p>Làrach-lìn Stuth Gàidhlig air làrach-lìn an ùghdarras phoblaich, le prìomhachas air na duilleagan le faicsinneachd mhòr.</p>	<p>Website Gaelic content should be available on the public authority's website, with emphasis given to the pages with the highest potential reach.</p>	Uaine
<p>Irisean Corporra Irisean corporra sa Ghàidhlig agus Beurla le prìomhachas air sgrìobhainnean le faicsinneachd mhòr.</p>	<p>Corporate Publications Produced in Gaelic and English, with priority given to those with the highest potential reach.</p>	Uaine
<p>Taisbeanaidhean Cothroman airson taisbeanaidhean dà-chànanach no sa Ghàidhlig a chumail air an rannsachadh gu cunbhalach agus air am brosnachadh, le prìomhachas air an fheadhainn aig a bheil a' bhuaidh as motha.</p>	<p>Exhibitions Opportunities to deliver public exhibitions bilingually or in Gaelic should be explored on a regular basis, with priority given to those with the highest potential impact.</p>	Uaine
Corpas na Gàidhlig	Gaelic Language Corpus	Solais trafaig: uaine, orains no dearg
<p>Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig Leanaidh an t-ùghdarras Poblach Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig as ùire mar stiùir airson a h-uile rud sgrìobhte aca.</p>	<p>Gaelic Orthographic Conventions The most recent Gaelic Orthographic Conventions will be followed in relation to all written materials produced by the public authority.</p>	Uaine

Luchd-obrach	Staff	Solais trafaig: uaine, orains no dearg
Sgrùdadh Luchd-obrach Sgrùdadh cunbhalach air sgilean Gàidhlig agus iarrtasan airson trèanadh Gàidhlig tro bheatha gach plana.	Internal audit Conduct an internal audit of Gaelic skills and training needs through the life of each plan.	Uaine
Inntrigeadh Eòlas air a' phlana Ghàidhlig mar phàirt den phròiseas inntrigidh.	Induction Knowledge of the public authority's Gaelic language plan included in new staff inductions	Uaine
Trèanadh cànan Trèanadh ann an sgilean Gàidhlig ga thabhann agus ga bhrosnachadh, gu sònraichte a thaobh a bhith a' cur plana Gàidhlig na buidhne an gnìomh.	Language training Gaelic language skills training and development offered to staff, particularly in relation to implementing the public authority's Gaelic language plan.	Uaine
Trèanadh le Fiosrachadh mun Ghàidhlig Trèanadh le fiosrachadh mun Ghàidhlig, le prìomhachas air stiùirichean, buill bùird, comhairlichean agus luchd-obrach air a bheil dleastanas a bhith a' conaltradh leis a' mhòr-shluagh.	Awareness training Gaelic awareness training offered to staff, with priority given to directors, board members, councillors and staff dealing directly with the public.	Uaine
Fastadh A' toirt aithne is spèis do sgilean Gàidhlig mar phàirt den phròiseas fhastaidh.	Recruitment Recognising and respecting Gaelic skills within the recruitment process.	Uaine
Gàidhlig ainmichte mar sgil a tha na buannachd agus/no a tha riatanach ann an dealbhan obrach far a bheil dleastanasan co-cheangailte ri lìbhrigeadh a' Phlana Ghàidhlig agus a rèir na comhairle laghail aig Bòrd na Gàidhlig.	Gaelic named as an essential and / or desirable skill in job descriptions in roles where responsibilities are linked to delivery of the Gaelic language plan and in accordance with the Bòrd na Gàidhlig recruitment advice.	Uaine
Sanasan-obrach dà-chànanach no sa Ghàidhlig airson dreuchdan far a bheil Gàidhlig ainmichte mar sgil riatanach.	Bilingual or Gaelic only job adverts for all posts where Gaelic is an essential skill.	Uaine